

A' cluich le caraidean.




Comhairle nan Eilean Siar
Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Bidh mi a'cluich le mo charaidean anns an
sgoil-àraich.



Uaireannan, tha mo charaidean a'cluich le
dèideagan a tha mi ag iarraidh cluich leis.
Tha sin ceart gu leòr.




Comhairle nan Eilean Siar
Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Tha e cudromach gum bi sinn a' co-roinn.




Faodaidh mi faighneachd "Am faod mi
cluich leis an dèideig?"




Comhairle nan Eilean Siar
Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean







Uaireannan bidh mo charaidean ag ràdh "Faodaidh"
agus bheir iad dhomh an dèideag.



Uaireannan bidh mo charaidean ag ràdh "Chan fhaod" nuair a tha mi a' faighneachd airson dèideag.
Tha sin ceart gu leòr.



Nuair a bhios mo charaid deiseil leatha,
an uair sin gheibh mi cothrom cluich leatha.



Nuair a bhios mi a' co-roinn nan dèideagan,
bidh a h-uile duine toilichte.

